



Tìotal: Co-ionannachd gnè

Pàirt 1: Dàimhean

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ìre seo a' leudachadh agus a' cur ri na chaidh ionnsachadh aig a' Cheathramh Ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo chodhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta. • A' sealltainn nan sgilean a dh'fheumar airson suidheachaidhean dùbhlach ann an dàimhean a làimhseachadh, a' gabhail a-steach dhàimhean feseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, ruighinn cho-dhùnaidhean.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum meòraich daoine' òga air co-ionannachd gnè ann an co-theacsa dhàimhean – san fharsaingeachd sa chomann shòisealta agus ann an dàimhean nas pearsanta.
- Gun tuig daoine' òga na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè/leth-bhreith fheiseil.
- Gun tuig daoine' òga gu bheil an lagh a' buntainn ri sgoil agus foghlam.

Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha co-ionannachd a' ciallachadh dhòmhsa.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè agus leth-bhreith fheiseil.
- Tha fios agam gum bu chòir do dh'àrainnean-ionnsachaidh agus obrach a bhith nan àiteachan co-ionannachd agus sàbhailteachd dhomh.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus fiosrachadh, taic no cuideachadh a shireadh ma tha feum agam orra agus ma thathar a' briseadh a-steach air na còraichean agam.

NÒTA: tha gnìomhan/obair eile aig an Treas/a' Cheathramh ìre a' dèanamh barrachd sgrùdaidh air na seòrsaichean dhàimhean a tha daoine òga ag iarraidh, agus cùisean sònraichte timcheall air aonta agus conaltradh an taobh a-staigh do dhàimhean.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Cairt dhearg air a gearradh ann an ceàrnagan airson a' ghnìomh.

Obair

1. Mìnich, san t-seisean seo, gum bi daoine' òga a' sgrùdadh co-ionannachd, a' smaoinichadh gu h-àraid mu cho-ionannachd eadar fireannaich agus boireannaich – ris an canar **co-ionannachd gnè**. Cleachd an 2 shlaighd/teacsa: **Dè th' ann an co-ionannachd?** Leughaidh iad còmhla, dèan cinnteach à tuigse. An uair sin **Dè th' ann an co-ionannachd gnè?** Leughaidh an slaighd còmhla, dèan cinnteach à tuigse agus brosaich còmhraidh mar a tha sibh a' dol air adhart.
2. **Co-ionannachd gnè ann an dàimhean:** Cleachd na slaighdean proimtidh fear mu seach agus iarr air na daoine' òga obrachadh ann an 2an/3an airson meòrachadh air na h-earrannan teacsa agus na ceistean proimtidh. Tha an gnìomh ag iarraidh orra eisimpleirean a thoirt air an làimhseachadh a gheibheadh fireannaich agus boireannaich nam biodh na dàimhean aca co-ionann. Thoir dhaibh eisimpleir no dhà ma bhios sin cuideachail: Mar sin ma tha fireannaich agus boireannaich co-ionann san teaghlach, dh'fhaoite gunco- roinneadh iad mar a thogas iad am pàiste aca... Mar sin nam biodh fireannaich agus boireannaich co-ionann sa chomann-shòisealta, dh'fhaoite gum biodh iad a' faighinn an aon phàigheadh ...
 - Co-ionannachd eadar fireannaich agus boireannaich san teaghlach/san dachaigh. *Dè bhiodh seo a' ciallachadh?*
 - Co-ionannachd eadar fireannaich agus boireannaich ann an dàimhean. *Dè bhiodh seo a' ciallachadh?*
 - Co-ionannachd eadar fireannaich agus boireannaich ma tha iad ann an dàimh. *Dè bhiodh seo a' ciallachadh?*
 - Co-ionannachd eadar fireannaich agus boireannaich sa chomann shòisealta, san fharsaingeachd. *Dè bhiodh seo a' ciallachadh?*
3. **Cairt dhearg.** Inns dhaibh anns a' ghnìomh seo gu bheil iad gu bhith a' smaoinichadh air cò ris a bhiodh dàimh coltach nam biodh an *dithis dhaoine* co-ionann. Mìnich gu bheil dàimh co-ionann nuair nach bi neach a' cleachdadh cumhachd airson an cèile a chur sìos no airson smachd fhaighinn orra. Tha 15 suidheachaidhean an seo airson an leughadh a-mach. A bheil iad a' toirt cunntas air dàimh cho-ionann no nach eil? Geàrr a' chairt dhearg airson 's gu bheil cairt dhearg aig na daoine' òga airson am beachd a chur an cèill, mìnich mar seo: *Tha e coltach ri gèam ball-coise, far a bheil droch iomairt ann agus tha an rèitire a' cur cluicheadair far na pàirce. Sa ghèam seo, tha grunn shuidheachaidhean ann eadar 2 dithis dhen aois agaibhse. Às dèidh do gach fear a bhith air a leughadh a-mach, cuir romhad co-dhiù a bu chòir no nach bu chòir a' chairt dhearg a shealltainn dhan dàimh seo. Mas e cairt dhearg a th' ann, tog suas àrd i. Mura h-eil thu cinnteach, seall a' chairt ach cùm ìosal i. Ma tha a h-ùile sìon ceart gu leòr, na seall idir i. Seall na suidheachaidhean air slaighdean, brosaich na daoine' òga gus pàirt a ghabhail.*
 1. Bidh do chèile ag innse dhut dè nì thu.
 2. Tha e a' còrdadh ribh ùine a chur seachad còmhla.
 3. Thathar an dùil gum bi thu a' glanadh no a' sgioblachadh stuthan do chèile.
 4. Tha do chèile ag iarraidh facal-faire nam meadhanan sòisealta agad.
 5. Tha do chèile gad chur sìos air beulaibh charaidean.
 6. 'S toigh leis an dithis agaibh a bhith a' pàigheadh airson rudan nuair a tha sibh a-muigh.
 7. Tha do chèile greannach.
 8. Tha e ceart gu leòr a ràdh: 'Chan urrainn dhomh d' fhaicinn a-nochd'.

9. Tha do chèile ag iarraidh tachairt air an teaghlach agad.
 10. Bidh do chèile a' breith air ghàirdean ort agus tha e goirt.
 11. Tha e a' còrdadh ri do chèile a bhith a' dèanamh rudan romansach.
 12. Bidh do chèile a' cur cuideam ort airson a bhith ri feise.
 13. Tha droch nàdar aig do chèile, chan eil thu airson an dèanamh crosta.
 14. Tha e a' còrdadh ribh a bhith a' ceannach phreusantan dha chèile.
 15. Faodaidh an dithis agaibh coinneachadh ri caraidean gun an neach eile a bhith ann.
4. Cleachd am pròimt/slaighd airson beachdan a tharraing còmhla bho na còmhraidhean mu dheireadh a bh' agaibh: **Ge bith dè do ghnè, ann an dàimh cho-ionann bidh thu a' faireachdainn ...**
5. Mìnich gu bheil na còmhraidhean an seo mu dhàimhean eadar daoine, gu h-àraid eadar fireannaich agus boireannaich, 's mar sin gu bheil e cudromach bruidhinn mu fheimineachas. Can gur dòcha gun do bhruidhinn (no nach do bhruidhinn) an clas/a' bhuidheann mun seo mar-thà. Cleachd / leugh an slaighd/teacs: **'S e iomairt a th' ann am feimineachas gus còraichean co-ionann fhaighinn do bhoireannaich.** Ciad smuaintean sam bith? Beachdan? Mura tèid a thogail, faighnich: Dè an turas a th' aig feimineachas ri balaich/fireannaich?
6. Seall an slaighd: **The personal is political.** Faighnich dhan chlas, dè tha seo a' ciallachadh nam beachdsan. Às dèidh freagairtean fhaighinn cleachd an ath shlaighd airson mìneachadh, broснаich còmhradh/beachdan.

Tha sinn a' bruidhinn mu cho-ionannachd. Tha seo a' ciallachadh a bhith ag atharrachadh a' chomainn-shòisealta airson a dhèanamh nas cothromaiche dha na h-uile (poilitigeach) agus do fheimineachas. Tha feum ann smaoineachadh air mar a tha sinn a' fuireach còmhla ann an dòighean co-ionann bho latha gu latha (pearsanta). Tha gach rud a bhios sinn a' dèanamh eadar a chèile poilitigeach ann an dòigh air choreigin.

7. Airson tuilleadh mìneachaidh, seall an slaighd: **Càite, ma tha, am bi còraicheòan daonna uile-choitcheann a' tòiseachadh?** Dèan sgrùdadh agus daingnich gu bheil còraichean mu ar beatha làitheil agus ar dàimhean.
8. **Dè as urrainn dhòmhsa a dhèanamh gus co-ionannachd a bhrosnachadh eadar nigheanan/balaich agus boireannaich/fireannaich?** Iarr air na daoine òga bruidhinn ri caraid. Chan fheum iad sion a sgrìobhadh ach faodaidh iad corrigan a chleachdadh airson còig rudan ainmeachadh as urrainn dhaibh a dhèanamh bho latha gu latha sna dàimhean aca a thaobh na ceist seo.
9. **Airson crìochnachadh, cleachd an slaighd airson a shealltainn gun urrainn dha na còmhraidhean seo mu ghnè daoine a chuideachadh ag aithneachadh gun do dh'fhuiling iadsan leth-bhreith no làimhseachadh mì-chothromach.** Ma tha seo fìor, mìnich gum broснаich tu daoine òga gus bruidhinn ri inbheach earbsach, dh'fhaoite gura tusa a bhiodh an seo, cuimhnich dhaibh gu bheil Childline cuideachd a' tabhann seirbheis dìomhair do dhaoine òga dhen aois.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur gu pàrantan/luchd-cùraim mu na leasannan seo:

Mar phàirt dhen phrògram againn air Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd, tha am bloc ionnsachaidh seo air **co-ionannachd gnè**. Tha e a' tòiseachadh le bhith a' coimhead air co-ionannachd gnè ann an dàimhean – san fharsaingeachd sa chomann shòisealta agus an uair sin ann an dàimhean nas pearsanta. An uair sin coimheadaidh sinn air na tha an lagh ag ràdh mo cho-ionannachd gnè agus leth-bhreith feiseil. An uair sin bidh cothrom aig daoine' òga smaoinich air na dh'fhaodadh co-ionannachd gnè a bhith a' ciallachadh san sgoil agus nuair a tha iad a' dèanamh deiseil airson na nì iad às dèidh sgoil san àit-obrach. Tha sinn a' coimhead air co-ionannachd gnè oir tha sinn airson gun tuig daoine' òga an còraichean, agus cuideachd airson gun smaoinich air mar as urrainn dhaibh co-ionannachd a bhrosnachadh ann an diofar phàirtean dem beatha.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn ceangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Co-ionannachd agus an lagh
- Sgoil agus an àrainn-obrach